

Creutairean air an rìof eisirean

'S e eisirean a nì rìofachan. Mar a dh'fhàsas iad 's mar a chòmhdhaicheas iad grunn na mara, tha iad a' cruthachadh dachaighean 's fàsadh do dh'iomadh creutair-mara beag. An uair sin ithidh èisg mhòra 's crùbagan na beathaichean beaga seo agus ithidh beathaichean fiù 's nas motha iadsan. Anns an dòigh seo dùblaichidh a' bhith-iomadachd air rìof eisirean!

Tha a' chrosgag-iteach coltach ri pasgan mòr de dh'itean. Nì i snàmh no coiseachd air grunn na mara leis na h-itean seo.

Giùlainidh partan-tuathal slige air a dhruim. Nuair a bhios e ro mhòr dhan t-slige sin, feumaidh e slige ùr a lorg 's cuiridh e cùl ris an tè eile.

Tha an sìol-gobach na iasg fada tana a shùghas plancton beag le beul a tha mar phìob! Tha càirdeas dlùth aige ris a' chapall-mhara.

Bidh am partan-cala a' coiseachd mun cuairt air grunn na mara agus ma bhios cunnart ann, snàmhaidh e air falbh gu luath leis na casan-deiridh aige a tha coltach ri ràimh.

Tha 8-10 gairdeanan 's na ceudan de bhiorain bheaga air a' chrosgaig-ghrèine.

Ged a tha coltas flùir air a' chìoch-mhara itegaich, 's e creutair-mara a th' innte. Truisidh i pìosan beaga de bhiadh às an t-sàl leis na greimichean aice.

